



Tìotal: Mar a bhios beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
'S urrainn dhomh innse mar tha beatha duine a' tòiseachadh agus mar a tha naoidhean ga bhreith. HWB 2-50a	<ul style="list-style-type: none">• Ag innse mu ghineadh ann an daoine agus breith, me, feise, ugh agus sìol breith.• Ag innse mu chuid de chomharran leatromachd.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun aithnich clann ainmean pàirtean am bodhaigean airson 's gun tuig iad mu ghinntinn, leatromachd agus breith.
- Gu bheil clann a' tuigsinn cò às a tha rudan beò a' tighinn.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh innse mar a tha beatha neach a' tòiseachadh, dè th' ann an leatromachd agus mar a tha bèibidh ga bhreith.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Mar a bhios bèibidh a' fàs rè leatromachd (faid 4 mion. 17) https://youtu.be/h82ltr84_Yg

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

NÒT:

- Mus cleachd sibh an leasan seo, bu chòir dhan chlas/bhuidheann obrachadh còmhla riut air **Mo bhodhaig**.
- Bhiodh e feumail, ach chan eil e deatamach, gum bi iad air obrachadh air **Mar a bhios daoine ri feise**. Ma bhios an dà leasan air an dèanamh còmhla, 's dòcha nach bi feum air a dhol thairis air inbhidheachd san dà leasan.
- Tha an obair seo glè choltach ri **Mar a tha beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith** aig a' Chiad Ìre. 'S dòcha gun do rinn a' chlann seo aig a' Chiad ìre. Ma rinn, tha cothrom agaibh a dhol thairis air na dh'ionnsaich airson a dhaingneachadh. Mura do rinn iad an obair seo aig a' chiad ìre, tha cothrom agaibh taic a chur ris an ionnsachaidh bhunaiteach aca air a' chuspair seo. Fiù 's ged a bhiodh a' chlann air an cuspair a dhèanamh mar-thà, dh'fhaoidte gum bi tuigse, còmhradh agus ceistean eadar-dhealaichte aca.

Tha an obair seo ann an 3 pàirtean. Gabhaidh a libhrigeadh ann an aon sheisean, ach chan fheum sibh seo a dhèanamh. 'S dòcha gum bi nas fheumaile do chuid den luchd-ionnsachaidh ma thèid a libhrigeadh ann

an 3 pàirtean fa leth. Cuimhnich cuideachd gun gabh na slaighdean PowerPoint an deasachadh ma tha cus fiosrachaidh orra dhan luchd-ionnsachaidh agaibhse, no ma tha sibh airson slaighdean a chruthachadh le nas lugha de theacsa orra.

Obair

1. Tha ionnsachadh RSHP air a neartachadh mas urrainn dhan chloinn suidhe còmhla. Tòisich mar seo. Bidh a' chlann air ainmean nam pàirtean bodhaig ionnsachadh bhon obair aca air **Mo Bodhaig**. Sna leasan sin dh'ionnsaich iad cuideachd mu inbhidheachd. Cleachd na ciad shlaighdean airson na dh'ionnsaich iad sna leasan sin a chur nan cuimhne: **Ciamar a tha a' bhodhaig aca ag atharrachadh? Na faireachdainnean aca ag atharrachadh? Dè na h-ainmean a tha cuimhne aca air airson pàirtean prìobhaideach am bodhaig?**
2. Inns dhan chloinn gum bi iad ag ionnsachadh mar a tha bèididhean air an dèanamh san leasan seo (torrachadh a chanas sinn ris an seo), mar a bhios iad a' fàs rè leatromachd, agus mu na bhios a' tachairt nuair a tha bèibidh ga bhreith. 'S dòcha gum bi fios aig feadhainn aca air cuid dhen seo mar-thà, ach can riutha gu bheil cothrom aca an-diugh ionnsachadh còmhla airson dèanamh cinnteach gu bheil sinn uile a' tuigsinn. Faigh a-mach a bheil bràithrean no peathraichean beaga no co-oghaichean beaga aig duine sa chlas? An aithne dhaibh boireannach sam bith a tha trom le pàiste an-dràsta? De am fios a th' aca mar-thà mu leatromachd? Breith? (Na ceartaich fiosrachadh ceàrr, freagair le bhith ag innse dhaibh gum bi cothrom ann tuilleadh ionnsachadh mu [...] an-diugh).
3. Tha an sgeulachd againn sna slaighdean PowerPoint ann an 3 pàirtean – A' dèanamh cinnteach à tuigse agus a' faighneachd/freagairt cheistean agus a' faighinn beachdan. Brosnaich còmhradh, stad, theirig thairis cho tric 's a tha feumail.
4. **Mar thoisich tòiseachaidh**, tha an taisbeanadh a' sealltainn bheathaichean agus an àl – iarr air a' chloinn na beathaichean ainmeachadh agus bèibidhean nam beathaichean ainmeachadh cuideachd. Cuir crìoch air an seo leis an dealbh dhen boireannach agus am bèibidh. Inns gu bheil na beathaichean agus na bèibidhean a chunna' sinn coltach ri chèile. Tha na bèibidhean air an dèanamh, tha iad a' fàs am broinn am màthar, agus an uair sin tha iad air am breith.
5. Tha na slaighdean a leanas ann am pàirtean. Stad agus theirig thairis mar a dh'fheumas tu:

Pàirt 1: Mar a bhios beatha neach a' tòiseachadh

Pàirt 2: Tha am bèibidh a' fàs - Leatromachd

Aig toiseach na h-earrainn seo tha obair ann a tha ag iarraidh air clann obrachadh còmhla gus liosta a dhèanamh dhen h-uile càil a dh'fheumas boireannach trom agus am bèibidh aice airson a bhith fallain, toilichte agus sàbhailte. Thoir air a' chloinn obrachadh ann am buidhnean beaga air diofar chuspairean, no mar aon bhuidheann air na 3 cuspairean. Dh'fhaodadh a' chlann obair a dhèanamh air *post-its* agus postairean a dhèanamh de na freagairtean gu lèir. Coimhead airson agus broснаich còmhradh air na rudan a tha coltach thairis air na cuspairean. Tha lèirmheas air na beachdan aig an deireadh.

Aig deireadh na h-earrainn tha slaighd agus film a' sealltainn nan atharrachaidhean a bhios a' tachairt rè leatromachd: *How a baby develops during pregnancy* (duration 4 minutes 17) https://youtu.be/h82ltr84_Yg

Pàirt 3: Mar a tha bèibidh ga bhreith

Beachdan eile

- Thoir cuireadh do mhàthair a tha trom le pàiste no do phàrantan ùra tighinn a-staigh agus meòrachadh air mar a tha leatromachd dhaibhsan – agus gus bruidhinn air beachdan na cloinne air leatromachd fhallain, toilichte agus shàbhailte.

- Tha modailean aig Seirbheis Leabharlainn an NHS, a dh'fhaodas sgoiltean fhaighinn air iasad, a tha a' sealltainn bèibidh a' fàs aig diofar ìrean de leatromachd. Gheibh thu tullleadh fiosrachaidh mu sheirbheisean ionadail aig:
<http://www.knowledge.scot.nhs.uk/home/help-and-training/library-services.aspx>

Ceangal ris an dachaigh

Gabhaidh an teacsa gu h-ìosal a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair sa bhloc seo.

Bidh sinn ag ionnsachadh sgeulachd a' bhèibidh – tha seo a' ciallachadh ionnsachadh mar a tha beibidh air a dhèanamh agus mar a bhios e a' fas sa mhachlaig, agus an uair sin mar a tha bèibidh air a bhreith. Gheibhear na slaighdean airson sgeulachd a' bhèibidh innse an seo: XXXX Faodaidh sibh an coimhead còmhla ri ur pàiste agus chì sibh na tha iad air a bhith ag ionnsachadh.

Nòtaichean Tidseir

